

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Famhairean an Dùin Deirg

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 756. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 452 corresponds to Litir 756.

A bheil sibh eòlach air an Taobh Sear ann an ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich? Gu deas air Stafainn, faisg air Bhaltos, tha seann dùn ann air a bheil an Dùn Dearg mar ainm. Bhiodh na Gàidheil gu math tric a’ dèanamh ceangal eadar na seann làraich a tha seo agus caractaran à beul-aithris, leithid na Fèinne no famhairean no gaisgich eile.

Tha stòiridh ann a tha a’ buntainn ris an Dùn Dearg. Dè cho fìor ’s a tha e ... uill ... **fàgaidh mi sin agaibh fhèin**. Ach seo e co-dhiù – stòiridh ris an canar ‘Famhairean an Dùin Deirg’.

Uair a bh’ ann bha famhairean a’ fuireach anns an Dùn Dearg. Gu math tric, bhiodh iad a’ sabaid le chèile. Bhiodh iad a’ tarraing chraobhan a-mach agus a’ briseadh chlachan agus a’ dèanamh sgrios air an dùthaich nuair a bhiodh iad a’ sabaid. Bhiodh iad ag ithe tòrr bìdh cuideachd – mairt is fiadh is caora airson aon diathaid. No barrachd na sin.

Cha robh aca eatarra, ge-tà, ach aon bhò-bhainne. Bha Glas Ghoillean oirre mar ainm. ’S dòcha gu bheil sin a’ ciallachadh ‘a’ bhò ghlas air an robh aghaidh mhòr ghrànda’, no rudeigin mar sin. Co-dhiù, b’ ise an tè mu dheireadh dhen chrodh iongantach mòr a bha uaireigin a’ fuireach anns an Eilean Sgitheanach. Nuair a bha i na laighe, chanadh na daoine, bha a h-adhaircean a’ ruigsinn nan speuran. Agus, nuair a bha i na seasamh, uill...

Bhiodh Glas Ghoillean a’ feurachadh a-mhàin ann an ceithir glinn anns an eilean – Gleann Hionasdail is Gleann Romasdail ann an Tròndairnis, Gleann Scaladail ann am Minginis agus Gleann Dail ann an Diùranais. Às na h-àiteachan sin, far an robh feur math a’ fàs agus far an robh uisge fìor-ghlan ri òl, chluinneadh a’ bhò gairm famhair às an Dùn Dearg.

Nuair a thigeadh na famhairean cruinn còmhla, cha robh rùm gu leòr dhaibh uile anns an Dùn. Agus cha robh taighean eile anns an Eilean Sgitheanach a bha mòr gu leòr dhaibh. Mar sin, bhiodh iad gu tric a’ fuireach **air a’ bhlàr a-muigh**.

Bha dithis fhamhairean òga anns an Dùn Dearg air an robh Eachain agus Achan. Latha a bha seo, dh’fhalbh Eachain agus Achan a-mach air chuairt. Cha robh taigh anns an eilean a bha mòr gu leòr dhaibh agus, mar sin, dh’fhuirich iad air a’ bhlàr a-muigh. Bha iad a’ còcaireachd a-muigh cuideachd. Agus tha colbhan cloiche ann an Sniothasort far an do chuir iad an coire, le teine fodha, nuair a bha iad a’ còcaireachd. Tha na colbhan seo aithnichte mar ‘Sorchain Coire Fhinn’. Tha sin a’ ciallachadh nan colbhan a bha a’ cumail a’ choire aig Fionn os cionn an teine.

Bha muinntir an àite mì-thoilichte leis na famhairean. Bha iad a' glacadh cus èisg agus a' sealg cus fhiadh. Chuir an sluagh romhpa na famhairean a mharbhadh le bhith a' sadail chlachan orra. Air sgàth sin, theich Eachain agus Achan.

Chaidh iad gu caolas eadar an t-eilean agus tìr-mòr. Bha a' mhuir na bu doimhne na bha dùil. Agus bha iad air am bàthadh. Thug iad na h-ainmean aca don chaolas sin – Caol Acain – an t-ainm a th' air fhathast.

* * * * *

Faclan na Litreach: Stafainn: *Staffin*; Bhaltos: *Valtos*; famhair: *giant*; a' feurachadh: *grazing*; fìor-ghlan: *pure*; a' còcaireachd: *cooking*; Sorchain Coire Fhinn: *the support pillars of Fionn's cauldron*.

Abairtean na Litreach: A bheil sibh eòlach air an Taobh Sear?: *do you know the eastern side of Trotternish?*; a' dèanamh ceangal eadar na seann làraich a tha seo agus caractaran à beul-aithris: *making links between these old sites and characters from oral tradition*; leithid na Fèinne: *such as the Fenians/Fingalians*; bhiodh iad a' sabaid le chèile: *they would be fighting with each other*; a' tarraing chraobhan a-mach: *pulling trees out*; ag ithe tòrr bidh cuideachd – mairt is fiadh is caora airson aon diathaid: *eating a lot of food as well – a cow, a deer and a sheep for one meal*; cha robh aca eatarra, ge-tà, ach aon bhò-bhainne: *they only had between them, however, one milking cow*; b' ise an tè mu dheireadh dhen chrodh iongantach mòr: *she was the last of the gigantic cattle*; bha a h-adhaircean a' ruigsinn nan speuran: *her horns were reaching the skies*; chluinneadh a' bhò gairm famhair: *the cow would hear a giant's call*; a-mach air chuairt: *out on a walk*; far an do chuir iad an coire, le teine fodha: *where they put a cauldron, with a fire under it*; a' glacadh cus èisg agus a' sealg cus fhiadh: *catching too many fish and hunting too many deer*; chuir an sluagh romhpa na famhairean a mharbhadh le bhith a' sadail chlachan orra: *the people decided to kill the giants by throwing stones at them*; chaidh iad gu caolas eadar an t-eilean agus tìr-mòr: *they went to narrows between the island and the mainland*; bha a' mhuir na bu doimhne na bha dùil: *the sea was deeper than expected*; bha iad air am bàthadh: *they were drowned*; thug iad na h-ainmean aca don chaolas sin: *they gave their names to that kyle*.

Puing-chànain na Litreach: air a' bhlàr a-muigh: *in the outdoors*. This is the phrase used to mean 'out of doors' or 'the great outdoors'. Bidh e ag obair air a' bhlàr a-muigh as t-samhradh 'he works outdoors in the summer'. At first glance it might seem a strange choice as blàr generally refers to a flat area (plain, field) and much of Scotland is not in that category – but that's the idiom!

Gnàthas-cainnt na Litreach: fàgaidh mi sin agaibh fhèin: *I'll let you decide (lit. I'll leave that to you)*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA